

PLANA CORPORRA 2018-2023



CLÀR-INNSE

- 03** Facal-toisich bhon Chathraiche
- 04** Ar n-Àrd-amas is Prìomhachasan Ro-innleachdail
- 05** Ag Innse Cò Sinn
- 06** Ar Gnìomhan is Adhartas
- 13** A' Toirt Taic do dh'Adhbhar Riaghaltas na h-Alba
- 14** Ar Dleastanasan
- 16** Ar Cuid Ionmhais

- 17** Eàrr-ràdh i
Sgrùdadh Poilitigeach, Eaconamach, Sòisealta,
Teicneòlach, Laghail, Àrainneachd (PESTLA)

1. FACAL-TOISICH BHON CHATHRAICHE

Fàilte oirbh gu Plana Corporra Bhòrd na Gàidhlig airson 2018-2023. Tha e a' sealltainn nan amasan ro-innleachdail a tha sinn air a chur romhainn a choileanadh thairis air an ath chòig bliadhna agus ciamar a tha sinn an dùil sin a dhèanamh. 'S e àm dòchasach agus dùbhlanaich a tha seo don Ghàidhlig – agus tha sinn gu bhith a' togail air mar a tha cor na Gàidhlig air a dhol am feabhas am measg dhaoine òga, agus air an fhianais a th' ann gu bheil a' Ghàidhlig a' cur ri eaconamaidh na h-Alba. Gu h-ìomchaidh, ann am Bliadhna na h-Òigridh 2018, tha òigridh aig cridhe a' Phlana seo agus, còmhla ri leasachadh sgilean air am bi sinn a' cur barrachd cuideim, bidh iad aig cridhe nan iomairtean ro-innleachdail a tha san amharc dhuinn thairis air an ath chòig bliadhna. Bidh sinn cuideachd a' coimhead air adhart ris na builean a thig bhon ath chunntas-sluaigh ann an 2021 a nì tomhas air buaidh ar n-obrach agus an t-adhartas a nì sinn.

Tha adhbhar reachdail na buidhne soilleir – cànan is cultar na Gàidhlig a chur air adhart agus taic a thoirt dhaibh. Seallaidh am Plana Corporra seo mar a choileanas sinn ar n-adhbhar a rèir amasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig ùir. Dh'fhaodadh gun tig buannachdan don Ghàidhlig bho leasachaidhean eile, leithid Bile nan Eilean, an sgrùdadh air mar a tha foghlam air a riaghladh, Bòrd Ro-innleachdail nan Iomairtean is Sgilean a chaidh a stèidheachadh agus atharraichean poilitigeach eile, agus cumaidh sinn oirn ag obair còmhla ri ar luchd-compàirt airson dèanamh cinnteach gun tèid gach cothrom a ghabhail.

A bharrachd air na cothroman, tha dùbhlain ron Ghàidhlig. Tha na h-atharraichean a tha a' tighinn air an t-sluagh ann an tòrr sgìrean Gàidhlig nan adhbhar dragha agus cuideachd bheir cùisean eaconamach is sòisealta, taigheadas agus ceanglaichean còmhdaidh is didseatach buaidh air suidheachadh na Gàidhlig. Chan eil e soilleir dè thachras às dèidh Bhrexit, ach tha fios againn gu bheil coltas ann gun toir e buaidh mhòr air na h-eileanan is sgìrean dùthchail far a bheil àireamh nach beag de dhaoine le Gàidhlig a' fuireach.

Tha na builean againne a' cur ri Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba agus ris a' cheann-uidhe aca airson leudachadh seasmhach a thoirt air an eaconamaidh. Tha am Plana Corporra a' toirt seachad sealladh farsaing air mar a nì sinn sin. Tha e cuideachd a' mìneachadh mar a nì sinn sgrùdadh air an adhartas a nì sinn, airson dèanamh cinnteach gun tig na builean a tha sinn a' sùileachadh.

Tha e riatanach gum bi sinn sùbailte nar dòighean-obrach ma tha sinn a' dol a choileanadh gach nì a bu mhath leinn a thoirt gu buil air feadh Alba. Bheir sinn sùil as ùr air a' Phlana Chorporra againn gach bliadhna: gus atharrachadh sam bith a tha dhith a chur an sàs; airson dèanamh cinnteach gu bheil ar sùil daonnan air dè na dòighean as èifeachdaiche san urrainn dhuinn prìomhachasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig a choileanadh; airson dèanamh cinnteach gu bheil maoinachadh gu leòr ann airson na h-obrach againn; agus airson dèanamh cinnteach gu bheil sinn ag obair ann an dòigh far a bheil sinn a' faighinn an luach as motha as urrainnear às an ionmhas againn. Foillsichidh sinn plana gnìomh gach bliadhna, le fiosrachadh nas mionaidiche air ar n-obair, targaidean agus comharran coileanadh airson gach bliadhna fa leth.

Le bhith a' cur ar n-amasan an cèill airson an ath chòig bliadhna, tha sinn a' toirt fa-near don adhartas a tha sinn air a dhèanamh gu ruige seo ri linn co-obrachaidh le buidhnean poblach, prìobhaideach agus saor-thoileach. Tha fios againn nach ruig sinn air ar cinn-uidhe mura faigh sinn taic is cuideachadh bhuapasan san ùine air thoiseach. Bidh sinn fosgailte leis a' phoball is le ar luchd-compàirt agus nì sinn co-chonaltradh riutha sna còig bliadhna a tha romhainn fhad 's a tha sinn a' leantainn le iomairt na Gàidhlig.

Ailean Dòmhnallach
Cathraiche



2. AR N-ÀRD-AMAS IS PRÌOMHACHASAN RO-INNLEACHDAIL

AR N-ÀRD-AMAS



Gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bunaitheach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.

AR PRÌOMHACHASAN RO-INNLEACHDAIL



Seo na prìomhachasan a tha sinn airson a thoirt gu buil airson 2023:

1. Gum bi barrachd dhaoine a' cleachdadh Gàidhlig agus a' faotainn bhuannachdan bhon chànan nan obair, aig an taigh agus sna coimhearsnachdan aca
2. Gum bi barrachd cothroman ann do dhaoine aig aois sam bith na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart agus gum bi e nas fhasa dhaibh na cothroman sin a ghabhail
3. Gum bi barrachd dhaoine ann an Alba taiceil is bàidheil do chànan is cultar na Gàidhlig
4. Gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige

Tha am Plana Corporra a' toirt cunntas farsaing air na dòighean sam bi sinn ag obair gus ar dleastanasan a choileanadh a thaobh diofar phàirtean den Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23. A bharrachd air a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig agus fiosrachadh staitistigeil, rinn Bòrd na Gàidhlig Sgrùdadh Poilitigeach, Eaconamach, Sòisealta, Teicneòlach, Laghail, Àrainneachd (PESTLA) (Èarr-ràdh i) airson sealladh ro-innleachdail a thoirt dhuinn.

Ni Bòrd na Gàidhlig ath-sgrùdadh air a' Phlana Chorporra gach bliadhna agus air an fhiosrachadh air a bheil e stèidhichte agus thèid am Plana ùrachadh gu ealla a ghabhail ri cothroman ùra agus atharraichean cudromach. Cuideachd, ullaichidh sinn plana gnìomh bliadhnaile agus gheibhear targaidean an sin airson gach gnìomh a chithear sa Phlana Chorporra.

3. AG INNSE CÒ SINN

'S e Bòrd na Gàidhlig a' phrìomh bhuidheann phoblach ann an Alba ris a bheil e an urra cor na Gàidhlig a thoirt air adhart agus mar phàirt de sin bidh sinn a' toirt comhairle do Mhinistearan na h-Alba air cùisean Gàidhlig.



BIDH SINN A' DÈANAMH NA LEANAS

- **Ag ullachadh** a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig agus a' co-òrdanachadh coileanadh a' Phlana sin
- **A' toirt stiùireadh** do mar a thèid Planaichean Gàidhlig nan Ùghdarrasan Poblach ullachadh is a chur an gnìomh
- **A' foillseachadh** stiùireadh reachdail gus foghlam Gàidhlig a thoirt air adhart
- **A' toirt comhairle** do Mhinistearan Riaghaltas na h-Alba air cùisean Gàidhlig
- **A' toirt seachad** maoinachadh gus Gàidhlig a thoirt air adhart
- **A' toirt** stiùireadh is comhairle seachad mar thaic do dh'iomairtean Gàidhlig
- **A' stèidheachadh is a' libhrigeadh** phròiseactan is iomairtean
- **A' cur na Gàidhlig air adhart** gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta
- **A' toirt fa-near do is a' frithealadh air** feumalachdan nan coimhearsnachdan

AR LUCHD-COMPÀIRT

- An Riaghaltas agus na Buidhnean aige
- Ùghdarrasan is Buidhnean Foghlaim
- Buidhnean Eaconamach, Cultarach is Leasachadh Turasachd
- Buidhnean Mheadhanan, Cruthachail is Dualchais
- Buidhnean Gàidhlig
- Iomairtean
- Buidhnean Coimhearsnachd
- Daoine Fa Leth

NA DÒIGHEAN SAM BI SINN **AG OBAIR:**



- A' brosnachadh innleachdas
- A' togail chom-pàirteachasan
- Tha sinn fosgailte is cunntachail
- A' cur theachdaireachdan taiceil is brosnachail air adhart
- A' faighinn luach an airgid bho ar cuid ionmhais
- A' dèanamh cho-dhùnaidhean stèidhichte air fianais dhearbhte
- A' dèanamh cinnteach gu bheil riaghladh corporra math ga chur an sàs
- A' cur deagh mhodhan-obrach an sàs
- Ag ionnsachadh bho chàch

4. AR GNÌOMHAN IS ADHARTAS

4.1 Gum bi barrachd dhaoine a' cleachdadh Gàidhlig agus a' faotainn bhuannachdan bhon chànan nan obair, aig an taigh agus sna coimhearsnachdan aca

Ma tha a' Ghàidhlig a' dol a leantainn mar chànan beò, feumaidh daoine a cleachdadh. Tha e na amas dhuinn barrachd dhaoine a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh Gàidhlig nas trice agus ann am barrachd shuidheachaidhean agus taic a thoirt dhaibh airson sin a dhèanamh.

Tha daoine òga fìor chudromach don iomairt gus Gàidhlig a chumail beò. Tha fiosrachadh a chaidh fhoillseachadh o chionn ghoirid a' sealltainn gu bheil mu 50% de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach ann an coimhearsnachdan eileanach is dùthchail agus gu bheil an 50% eile a' fuireach ann am bailtean is bailtean-mòra. Tha sin a' ciallachadh gum feum dà iomairt a bhith againn gus barrachd dhaoine a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh Gàidhlig – aon a bhios a' toirt spionnadh as ùr do choimhearsnachdan eileanach is dùthchail is tèile a bhios a' toirt taic do na coimhearsnachdan Gàidhlig a tha a' sior fhàs nas motha sna bailtean is bailtean-mòra – agus bidh an dà iomairt sin a' cur cuideam air daoine òga.

Tha na buannachdan a thig bho bhith a' cleachdadh na Gàidhlig a' sior fhàs nas follaisiche – buannachdan eaconamach, cultarach agus sòisealta. Bidh na h-ealain Ghàidhlig gu h-àraidh a' cur gu mòr ris na buannachdan sin, agus a' toirt oirnn ceist a chur san status quo agus a bhith a' meòrachadh air beachdan is dòighean-smaoineachaidh ùra. Bidh iad sin, còmhla ri iomadh raon eile, a' cur ri fàs san eaconamaidh mar a chaidh a dhearbhadh leis an sgrùdadh a rinneadh air buaidh na Gàidhlig air an eaconamaidh, Ar Stòras Gàidhlig (2014), agus le rannsachadh eile.



Gnìomhan**Le sùil air a' Ghàidhlig, thèid sinn gu mòr an sàs san obair a leanas:**

- A' comharrachadh chnapan-starra, tro rannsachadh, a bhios a' cur bacadh air daoine bho bhith a' cleachdadh na Gàidhlig agus a' dealbh ro-innleachdan a chuireas às dhaibh
- A' dealbh ro-innleachdan a dh'aona-ghnothach airson frithealadh air feumalachdan nan coimhearsnachdan dùthchail is nam bailtean nas motha agus airson brath a ghabhail air na cothroman a th' ann dhaibh, feuch am bi coimhearsnachdan Gàidhlig nas làidire ann
- A' cur ris na th' ann de chothroman do dhaoine òga gus sgilean obrach ionnsachadh agus gus cur ri buaidh eaconamach na Gàidhlig, tro cho-obrachadh le buidhnean iomairt is sgilean
- A' toirt taic do bhuidhnean is daoine fa leth airson barrachd chur-seachadan, thachartasan is ghoireasan a chur air dòigh, agus feadhainn nas fheàrr, do dhaoine òga agus a' toirt taic do dh'fheadhainn a thèid a chur air dòigh le daoine òga
- A' cur iomairtean air dòigh ann an co-bhuinn ri buidhnean poblach, priobhaideach agus bhon treas roinn a bheir meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan-obrach
- A' cuideachadh le bhith a' cur ri comasan, sgilean agus seasmhachd ann an roinn nan ealain
- A' cur barrachd chothroman, is cothroman nas fheàrr, air adhart far am bi teaghlaichean a' cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh aca
- A' toirt maoinachadh do dh'iomairtean a bhios a' neartachadh beairteas, buntainneas is cunbhalachd a' chànain

A' measadh an adhartais a nì sinn**Seo na slatan-tomhais a bhios againn gus measadh a dhèanamh air an adhartas a nì sinn.**

- Barrachd chothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a chleachdadh
- Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, "Tha a' Ghàidhlig a' dèanamh diofar nam bheatha."



4.2 Gum bi barrachd chothroman ann do dhaoine aig aois sam bith na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart agus gum bi e nas fhasa dhaibh na cothroman sin a ghabhail

Tha e riatanach ma thathar a' dol a thoirt àrdachadh air an àireamh dhaoine a tha a' cleachdadh na Gàidhlig gun tèid daoine de gach aois a bhrosnachadh gu bhith ag ionnsachadh Gàidhlig agus gum bi cothroman ionnsachaidh ann dhaibh. Tha e mar amas dhuinn gum bi slighe iomlan ann don neach-ionnsachaidh, bho ìre nan tràth-bhliadhnaichean gu ionnsachadh aig an treas ìre agus às dèidh sin, le cothroman ann an dà chuid air foghlam foirmeil agus ionnsachadh ann an suidheachaidhean neo-fhoirmeil.

Bidh poileasaidhean a' toirt buaidh an dà chuid air na th' ann de chothroman air Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) agus air an àireamh chloinne a tha ann am FtG agus tha na leasachaidhean a thàinig le Achd an Fhoghlaim o chionn ghoirid a' cruthachadh chothroman gus leudachadh air seirbheisean ro-sgoile agus bun-sgoile Gàidhlig. Dh'fhaodadh buaidh mhòr a bhith aig Bile an Fhoghlaim airson riaghladh sgoiltean, a tha ga dhealbh an-dràsta, air FtG agus tha sinn airson a bhith gu mòr an sàs ann an ullachadh a' Bhile.

Tha na h-àireamhan airson sgoilearan ann am FtG a' sealltainn gu bheil an t-iarrrtas airson FtG ann am bailtean is bailtean-mòra a' sìor fhàs, agus le sin thig cothroman agus dùbhlain. Ann an sgìrean dùthchail is eileanach far a bheil an slugh a' crìonadh, 's e an dùbhlain a tha romhainn dèanamh cinnteach gu bheil gu leòr cloinne ann airson FtG a chumail suas. Gus brath a ghabhail air na cothroman agus gus

dèiligeadh ris na dùbhlain, bidh feum air barrachd luchd-obrach proifeiseanta agus luchd-obrach taice le teisteanasan iomchaidh agus anns na h-àiteachan far a bheil feum orra. Tha teaghlaichean cuideachd feumach air taic le bhith a' gabhail nan roghainnean a bu thoigh leotha a thaobh Gàidhlig agus tha teaghlaichean fhathast aig cridhe mar a shoirbhicheas do FtG.

Taobh a-muigh foghlam foirmeil, tha na tuairmsean as ùire a th' againn ag innse dhuinn gu bheil mu 3,500 inbheach ag ionnsachadh a' chànain. Tha an làrach-lìn LearnGaelic.scot, com-pàirteachas le MG ALBA is daoine eile, fhathast na phrìomh mheadhan againn gus taic a thoirt do dh'inbheach a tha ag ionnsachadh Gàidhlig, agus leis na leasachaidhean ann an teicneòlas tha e a' toirt dhòighean ùra dhuinn gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh às bith càit a bheil iad. Tha e cuideachd a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh a tha airson fileantachd a ruighinn sin a dhèanamh, thoradh tha a' mhòr-chuid de ghòireasan eile a th' ann an-dràsta a' cuimseachadh air luchd-tòiseachaidh. Tha sgilean cànan dreuchdail is proifeiseanta cuideachd a dhith air daoine, agus airson cuideachadh le sin feumar barrachd chùrsaichean a dhealbh agus a libhrigeadh.

Obraichidh sinn ann an com-pàirt le daoine eile gus na cothroman a ghabhail agus dèiligeadh ris na dùbhlain, agus sinn a' lorg fhuasglaidhean innleachdach stèidhichte air fianais a chuidicheas daoine agus buidhnean.

Gnìomhan**Thèid sinn gu mòr an sàs san obair a leanas:**

- A' toirt comhairle seachad air poileasaidhean agus a' toirt stiùireadh don obair gus ro-innleachdan a dhealbh airson foghlam na Gàidhlig
- Ag obair còmhla ri buidhnean de phàrantan is buidhnean buntainneach gus fàs a thoirt air FtG
- A' cur iomairtean air dòigh le luchd-compàirt gus barrachd taice a thoirt do theaghlaichean nuair a tha a' chlann aca aig ire nan tràth-bhliadhnaichean
- A' toirt taic do luchd-compàirt gus cothroman ionnsachaidh proifeiseanta a chruthachadh is a libhrigeadh leis an amas gum bi barrachd luchd-obrach ann agus barrachd sgilean aig luchd-obrach
- A' cur tuilleadh ghoireasan do luchd-ionnsachaidh is oidean air dòigh air LearnGaelic.scot ann an com-pàirt le MG ALBA feuch am bi goireasan ann airson irean nas adhartais a chuidicheas inbhich gu bhith a' ruighinn fileantachd
- A' brosnachadh dhaoine gu bhith a' cleachdadh teicneòlas ùr gus barrachd dhòighean-ionnsachaidh is dòighean-ionnsachaidh nas èifeachdaiche a thoirt do dh'inbhich
- A' toirt taic do chothroman dreuchdail agus ionnsachadh proifeiseanta airson luchd-obrach proifeiseanta is luchd-obrach taice a tha ag obair ann am foghlam, agus a' dèanamh sanasachd air na cothroman is air an ionnsachadh sin

A' measadh an adhartais a nì sinn Seo na slatan-tomhais a bhios againn gus measadh a dhèanamh air an adhartas a nì sinn.

- Barrachd cloinne a' gabhail pàirt ann an seiseanan thràth-bhliadhnaichean
- Barrachd chothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart
- Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, "Tha mi air na sgilean Gàidhlig agam a thoirt air adhart."

4.3 Gum bi barrachd dhaoine ann an Alba taiceil is bàidheil do chànan is cultar na Gàidhlig

Bidh iomadh nì a' cur ris a' mhisneachd a th' aig daoine cànan ionnsachadh is a chleachdadh. 'S e aonan dhiubh sin inbhe is iomhaigh a' chànan. Tha sgrùdaidhean a chaidh a chumail o chionn beagan bhliadhnaichean a' sealltainn gu bheil beachdan taiceil aig 81% de shluagh na h-Alba mu chànan is cultar na Gàidhlig agus rè ùine a' Phlana Chorporra seo tha sinn air a chur romhainn an àireamh sin a chur suas.

Tha an t-àite a th' aig a' Ghàidhlig ann an saoghal poilitigs fìor chudromach don iomairt gus inbhe nas àirde a ghleidheadh don chànan agus 's e an obair a nì sinn ann an com-pàirt ri Riaghaltas na h-Alba, comhairlean, Ùghdarrasan Poblach agus pàrtaidhean poilitigeach a chuidicheas leis an iomairt seo.

Feumar oidhirpean a dhèanamh gus freagairt a thoirt do na beachdan an aghaidh na Ghàidhlig a tha a' fàs nas cumanta, agus 's iad sgeulachdan naidheachd dimeasach as motha a tha a' brosnachadh leithid a bheachdan, thoradh faodaidh iomhaigh na Gàidhlig sna meadhanan buaidh a thoirt air na co-dhùnaidhean aig daoine fa leth, teaghlaichean agus coimhearsnachdan a thaobh a bhith ag ionnsachadh is a' cleachdadh na Gàidhlig. Leis na gnìomhan na leanas, tha e na amas dhuinn beachdan dhaoine atharrachadh - bho nàimhdeil gu neo-phàirteach; bho neo-phàirteach gu taiceil; bho thaiceil gu ag ionnsachadh; bho ag ionnsachadh gu a' cleachdadh na Gàidhlig.

81%

Studies in recent years have shown that **81% of Scotland's population are positive** about Gaelic language and culture

Gnìomhan**Thèid sinn gu mòr an sàs san obair a leanas:**

- A' dèanamh cinnteach gum bi buaidh nas motha aig Planaichean Gàidhlig air cùisean agus a' toirt taic do dh'Ùghdarrasan Poblach gus sanasachd a dhèanamh air an obair a nì iad don Ghàidhlig
- A' toirt fhreagairtean seachad do cho-chomhairleachaidhean poblach co-cheangailte ri cuspairean no raointean a bhuineas ris a' Ghàidhlig
- A' togail bratach na Gàidhlig an lùib thachartasan is iomairtean nàiseanta is eadar-nàiseanta, leithid 'Na Bliadhna airson...', airson dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig na pàirt follaiseach dhiubh
- A' dèanamh cinnteach gum bi na meadhanan a' tuigsinn agus a' mothachadh do na teachdaireachdan taiceil is brosnachail mun Ghàidhlig
- Ag obair còmhla ri luchd-compàirt airson iomairtean a dhealbh is a chur an gnìomh a bheir taic do dh'ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig
- Ag obair còmhla ri buidhnean foghlaim is leasachadh sgilean gus innse do dhaoine mun àite a th' aig a' Ghàidhlig ann an Alba, na cothroman obrach a gheibhear leis a' chànan agus na buannachdan a gheibh an luchd-labhairt bhon Ghàidhlig
- A' dealbh ro-innleachdan a nì cinnteach gun dèan Bòrd na Gàidhlig am feum as motha de dh'obair thosgairean na Gàidhlig

A' measadh an adhartais a nì sinn**Seo na slatan-tomhais a bhios againn gus measadh a dhèanamh air an adhartas a nì sinn.**

- A' dèanamh cinnteach gu bheil barrachd àite aig a' Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dùthcha fhosgailte le iomadh taobh is cultar
- Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, "Tha a' Ghàidhlig cudromach do dh'Alba."

4.4 Gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige

Gus ar n-àrd-amas, prìomhachasan ro-innleachdail agus gnìomhan a thoirt gu buil, feumaidh sinn na dòighean sa bheil sinn ag obair le càch agus taobh a-staigh Bhòrd na Gàidhlig fhèin atharrachadh. Tha sinn ag obair le buidseat gu math teann agus tha fios againn gu bheil am poball a' sùileachadh gum

bi buidhnean leithid sinn fhìn daonnan a' faighinn luach an airgid às ar cuid ionmhais. Feumaidh sinn cumail oirnn a bhith cruthachail is innleachdach nar n-obair agus a bhith a' toirt brosnachadh do chàch ma tha sinn a' dol a choileanadh ar n-amasan taobh a-staigh a' bhuidseit againn.

Tha an luchd-obrach againn fìor chudromach do mar a thèid am Plana Corporra a choileanadh. 'S e stòras priseil a th' annta a tha a' leigeil le Bòrd na Gàidhlig obrachadh thar iomadh raon is roinn, ann an com-pàirt ri grunn bhuidhnean.

Gnìomhan

Thèid sinn gu mòr an sàs san obair a leanas:



- Bheir sinn taic is brosnachadh do ar luchd-obrach feuch an coilean iad gach nì as urrainn dhaibh agus sinn a' toirt nan cothroman trèanaidh is ionnsachaidh agus nan goireasan dhaibh a tha dhith orra agus na dreuchdan aca a choileanadh
- Bidh sinn a' brosnachadh dhòighean-obrach innleachdach air feadh ar n-obrach
- Obraichidh sinn ann an com-pàirt le daoine eile agus sinn a' togail cheanglaichean taobh a-staigh na buidhne agus le buidhnean eile le oifigearan, luchd-stiùiridh agus Buill Bùird nam buidhnean sin
- Nì sinn soilleir, tro chonaltradh èifeachdach, cò sinn agus dè tha sinn airson a choileanadh nar n-obair
- Bidh sinn fosgailte agus cunntachail, agus sinn a' sgaoileadh fiosrachadh a tha furasta a thuigsinn gu tric agus gun dàil
- Cuiridh sinn ri iomadachd is in-ghabhail
- Nì sinn cinnteach gu bheil na co-dhùnidhean a nithear stèidhichte air fianais dhearbhte agus gu bheil fianais sàr-mhath againn le bhith a' toirt taic-airgid do rannsachadh agus iomairtean gus eòlas a cho-roinn
- Bidh sinn a' sìor leasachadh ar modhan-riaghlaidh corporra

A' measadh an adhartais a nì sinn

Seo na slatan-tomhais a bhios againn gus measadh a dhèanamh air an adhartas a nì sinn.



- Bidh barrachd den luchd-obrach againn ag aontachadh leis an abairt, "Tha an obair agam aig Bòrd na Gàidhlig a' còrdadh rium agus tha i a' dèanamh diofar."
- Bidh barrachd de ar luchd-ùidhe ag aontachadh leis an abairt, "Tha Bòrd na Gàidhlig a' coileanadh a dhleastanasan gu h-èifeachdach agus tha e a' cur taic ris an obair againne."

5. A' TOIRT TAIC DO **DH'ADHBHAR RIAGHALTAS NA H-ALBA**

Tha am Frèam Coileanadh Nàiseanta - 'Alba a' Soirbheachadh' - a' tomhas agus a' cumail sùil air mar a tha Alba a' coileanadh adhbhar is cinn-uidhe ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba. Tha na Builean Nàiseanta a' toirt stiùireadh do dh'obair bhuidhnean a tha fo sgèith an Riaghaltais agus tha iad a' toirt dhaibh structar soilleir a thaobh na bu chòir dhaibh a bhith a' coileanadh nan obair. Le bhith a' ruighinn air na cinn-uidhe seo còmhla, bidh sinn a' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi Alba na dùthaich nas fheàrr airson a bhith a' fuireach innte agus na dùthaich nas beartaiche is nas soirbheachaile.

Tha am Frèam Coileanadh Nàiseanta a' stèidheachadh 16 Builean Nàiseanta a tha a' cur an cèill na tha an Riaghaltas airson a choileanadh. Ged a tha an obair againn a' cur gu ìre ris a h-uile buil, cumaidh Bòrd na Gàidhlig sùil gu sònraichte air ar n-irean-coileanadh mu choinneamh seachd dhiubh, an fheadhainn a chithear gu h-ìosal:



6. AR DLEASTANASAN

Tha Bòrd na Gàidhlig na bhuidhinn a bhios a' toirt stiùireadh is comhairle seachad. Bidh sinn a' brosnachadh dhaoine is bhuidhnean eile gu bhith a' cur ris na cothroman a tha a' toirt taic don Ghàidhlig agus bidh sinn a' dèanamh an fheum as motha as urrainn dhuinn de ar goireasan is ionmhas gus cor na Gàidhlig a thoirt air adhart.



Ag ullachadh a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig agus a' co-òrdanachadh coileanadh a' Phlana sin

- Tha e mar dhleastanas reachdail oirnn Plana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig a chur a-steach gu Ministearan na h-Alba a h-uile còig bliadhna.



A' toirt stiùireadh do mar a thèid Planaichean Ghàidhlig nan Ùghdarrasan Poblach ullachadh is a chur an gnìomh

- Tha cumhachdan reachdail againn gus iarraidh air Ùghdarrasan Poblach ann an Alba Planaichean Ghàidhlig ullachadh is a chur an gnìomh.



A' toirt comhairle do Mhinistearan Riaghaltas na h-Alba air cùisean Ghàidhlig

- Bidh sinn a' toirt comhairle do Mhinistearan na h-Alba, buidhnean poblach is daoine eile air cùisean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, foghlam Ghàidhlig agus cultar na Gàidhlig.



Ag obair gus cùisean atharrachadh

- Bidh sinn a' dèanamh feum de ar n-eòlas is comasan gus daoine eile a chuideachadh le bhith ag obair ann an dòigh nas ro-innleachdail.
- Bheir sinn buaidh air dòighean-smaoineachaidh dhaoine is air na nì iad.



A' toirt seachad maoinachadh gus Gàidhlig a thoirt air adhart

Bheir sinn maoinachadh seachad mar thaic do:

- Ùghdarrasan Poblach a tha a' cur Phlanaichean Ghàidhlig an gnìomh
- Daoine a tha ag obair gus dreuchd ann am foghlam Ghàidhlig a thoirt a-mach
- Taghadh de bhuidhnean a tha ag obair ann an com-pàirt rinn gus amasan ro-innleachdail a choileanadh
- Buidhnean nan Tràth-bhliadhnaichean
- Buidhnean is pròiseactan ealain Ghàidhlig air feadh Alba
- Pròiseactan cànain coimhearsnachd
- Iomairtean com-pàirteach le Gàidhlig/Gaeilge
- Oileanaich eadar-nàiseanta



A' toirt seachad stiùireadh reachdail airson foghlam Ghàidhlig

- Bidh sinn ag ullachadh agus a' foillseachadh stiùireadh reachdail airson foghlam Ghàidhlig.
- Bidh sinn ag obair còmhla ri Ùghdarrasan Ionadail, Foghlam Alba agus luchd-compàirt eile gus daoine a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh an stiùiridh seo.



A' toirt stiùireadh is comhairle seachad mar thaic do dh'iomairtean Gàidhlig

- Bidh sinn a' cruinneachadh dàta stèidhichte air fianais.
- Bidh sinn a' togail chom-pàirteachasan làidir le buidhnean leasachaidh eaconamach, Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, agus buidhnean poblach, priobhaideach is bhon treas roinn gus eòlas is goireasan a cho-roinn.
- Bidh sinn a' toirt taic do dh'iomairtean gus sgilean a leasachadh.



A' cur na Gàidhlig air adhart gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta

- Bidh sinn a' tarraing aire dhaoine gu cànan is cultar na Gàidhlig.
- Bidh sinn a' cuideachadh gus cothrom a thoirt do dhaoine, ann an Alba agus àiteachan eile, air a' Ghàidhlig agus cultar na Gàidhlig.
- Bidh sinn a' cuideachadh ùghdarrasan foghlaim gus foghlam tron Ghàidhlig is ionnsachadh na Gàidhlig a chur air adhart agus gus taic a thoirt don fhoghlam sin.
- Bidh sinn a' meudachadh co-chonaltradh le luchd-ùidhe.
- Bidh sinn a' dèanamh sanasachd air deagh naidheachdan agus air buaidh ar n-obrach.

7. AR CUID **IONMHAIS**

Bidh sinn a' faighinn Tabhartas gus Cuideachadh mar mhaoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba. Bithear a' dèanamh cho-dhùnidhean air buidseatan poblach gach bliadhna agus gheibh sinn Tabhartas gus Cuideachadh a rèir nan co-dhùnidhean sin. Chan eil againn aig an ìre seo ach dearbhadh airson a' mhaoineachaidh a gheibh sinn ann an 2018/19. Bidh am Plana Gnìomh bliadhnail a' sealltainn mar a thèid ionmhas is luchd-obrach a chur gu feum gus obair a dhèanamh mu choinneamh nam prìomh raointean a chaidh a chomharrachadh sa Phlana Chorpóra agus a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd Stiùiridh.

Tha e cudromach gum bi ionmhas gu leòr aig Bòrd na Gàidhlig gus an obair aige a dhèanamh mar thaic do choileanadh a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23. Cumaidh sinn oirnn a' ruighinn air an targaid de 3% aig Riaghaltas na h-Alba airson airgead a shàbhaladh tro èifeachdas, agus sinn a' cumail smachd teann air cosgaisean a rèir nam prionnsapalan airson an Luach as Fheàrr, agus thèid cuid den airgead sin a shàbhaladh tro sheirbheisean co-roinnte agus co-obrachadh.

Chan eil teagamh sam bith ann nach bi e fhathast na dhùbhlann mòr dhuinn cumail oirnn a' coileanadh gach nì a tha sinn ag iarraidh leis an ionmhas a bhios againn. Bidh mar as urrainn dhuinn amasan a' Phlana seo a choileanadh an crochadh air an ìre de thabhartas gus cuideachadh a gheibh sinn bho Riaghaltas na h-Alba. Tha sinn a' dealbh ro-innleachd ionmhasail airson na h-ùine fhada, far am bithear a' moladh gum bu chòir barrachd taice a thoirt do leasachadh na Gàidhlig, agus do choileanadh ar n-amasan ro-innleachdail mar phàirt de sin.

EÀRR-RÀDH I – SGRÙDADH PESTLA

Political
Taic thar-phartaidh ann am Pàrlamaid na h-Alba, ach chan eil a h-uile Ball Pàrlamaid taiceil.
Tha cumhachan ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, a chaidh aontachadh le BPA, a' toirt taic ùr chudromach do FtG.
Tha Riaghaltas na h-Alba (RnA) a' rùnachadh gun tèid stad a chur air a' chrìonadh ann an àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig airson 2021.
Tha e na phrìomh amas do RnA àrdachadh a thoirt air ìrean-coileanadh ann am foghlam agus nach bi eadar-dhealachadh cho mòr eadar ìrean-coileanadh diofar chloinne.
Thèid seirbheisean thràth-bhliadhnaichean is cùraim-chloinne a leudachadh gu 1140 uairean airson 2020. Ge-tà, a rèir aithrisean a chunnacas o chionn ghoirid 's dòcha nach tachair seo.
Dh'fhaodadh gun tèid reifreann eile air neo-eisimeileachd do dh'Alba no taghadh coitcheann Breatannach a chumail mar thoradh air Brexit.
Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur cuideam air Barrachd Cumhachd do Choimhearsnachdan agus a bhith a' Toirt Aire do dh'Fheumalachdan nan Eilean mar phoileasaidhean cudromach, agus tha am fear mu dheireadh dhiubh mar phàirt de Bhile nan Eilean.
Gheibhear ìrean eadar-dhealaichte de thaic don Ghàidhlig bho na diofar Ùghdarrasan Ionadail, tha sin a' fàs follaiseach fhad 's a thathar ag iarraidh air barrachd is barrachd dhiubh Plana Gàidhlig ullachadh.

Eaconamach
Chan eil mòran fais ri fhaicinn ann an eaconamaidh na RA às dèidh do mar a thàinig crìonadh oirre, agus tha am poileasaidh airson teannas fhathast ga chur an sàs.
Tha tuilleadh mi-chinnt ann mu eaconamaidh na RA ri linn Bhrexit.
Tha tòrr cheistean mu dè thachras do chuid a roinnean cudromach nuair a stad am maoinachadh bhon AE, roinnean a bheir buaidh air leasachadh na Gàidhlig.
Dhearbh an aithisg, "Ar Stòras Gàidhlig (2014)", gu bheil Gàidhlig a' cur ri math eaconamach is sòisealta na h-Alba.
Tha an aithisg a' comharrachadh nam prìomh roinnean den eaconamaidh far a bheil Gàidhlig a' dèanamh diofar mòr.

Sòisealta

Tha a' mhòr-chuid de dhaoine ann an Alba taiceil don Ghàidhlig.

Tha àireamh luchd na Gàidhlig, agus an ùidh a th' aig daoine sa chànan, a' dol am meud ann an Ear-thuath is Meadhan na h-Alba, gu h-àraidh ann an Glaschu is Dùn Èideann.

Tha àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a' tuiteam air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean, le sluagh a tha air fàs nas sine sa chumantas.

Tha a h-uile coimhearsnachd far a bheil Gàidhlig aig a' mhòr-chuid den t-sluagh no aig 20%+ den t-sluagh air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan.

Tha e riatanach gun tèid daoine òga a ghleidheadh air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan agus gun tèid barrachd dhiubh a tharraing chun na sgìre ma tha a' Ghàidhlig gu bhith beò mar chànan coimhearsnachd.

Teicneòlach

Tha diofar chothroman ùra air nochdadh don Ghàidhlig ri linn leasachaidhean ann an teicneòlas an eadar-lìn.

Thathar a' cruthachadh is a' sgaoileadh barrachd is barrachd susbaint Ghàidhlig, gu h-àraidh tro na meadhanan sòisealta. Tha seo air luchd-labhairt na Gàidhlig a chuideachadh le bhith a' dèanamh ceangal ri luchd-labhairt eile gu h-ionadail, gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta.

Chaidh teicneòlas a chruthachadh a dh'aona-ghnothach mar thaic don Ghàidhlig.

Chan eil am bann-leathann aig 5% den RA. Tha an 5% a' gabhail a-steach cuid mhath de na coimhearsnachdan far a bheil àireamh àird de luchd-labhairt na Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan.

Nuair nach eil cothrom air a' bhann-leathann, tro chàball no fòn-làimhe, faodaidh seo a bhith am measg nan adhbharan a' toirt air daoine òga sgìrean fhàgail agus 's dòcha gun cuir e bacadh air daoine bho bhith a' faotainn susbaint dhidseatach.

Le R100, iomairt RnA gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile togalach ceangailte ris a' bhann-leathann ro 2021, thig leudachadh air ruigsinneachd nam meadhanan didseatach agus air na cothroman a th' orra.

'S dòcha gun urrainn do theicneòlas cuideachadh le bhith a' lionadh bheàrnann ann am foghlam tron Ghàidhlig.

Laghail

Aithne laghail don Ghàidhlig ri linn Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Tha Planaichean Gàidhlig reachdail aig barrachd is barrachd Ùghdarrasan Poblach Albannach.

Tha barrachd chòraichean aig pàrantan a thaobh FtG ri linn Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.

Chaidh stiùireadh reachdail airson foghlam Gàidhlig fhoillseachadh.

Craoladh na Gàidhlig – An Achd Conaltraidh 2003 agus Cairt Rìoghail a' BhBC.

Cairt Eòrpach nan Cànan Roinneil no nam Mion-chànan (Comhairle na h-Eòrpa), agus tha e buailteach gun cùm an RA a' cur aonta rithe.

Àrainneachd

Tha grunn dhùbhlannan ag èirigh don Ghàidhlig ri linn cruth na tìre air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan, gu h-àraidh a thaobh cho iomallach 's a tha cuid a dh'àiteachan agus mar a ghabhas seirbheisean a libhrigeadh.

Tha an ceangal eadar a' Ghàidhlig is an àrainneachd gu math aithnichte agus tha an ceangal sin a' tarraing tòrr dhaoine chun a' chànan.

Tha an ceangal eadar a' Ghàidhlig agus am fearann gu math làidir. Tha an ceangal sin a' cuideachadh le bhith a' tarraing dhaoine gu coimhearsnachdan Gàidhlig agus le bhith gan cumail sna coimhearsnachdan sin.

Tha càileachd na h-àrainneachd na nì riatanach airson a bhith a' gleidheadh obraichean seasmhach agus mar sin airson tòrr choimhearsnachdan Gàidhlig a dhìon.

